G. B. H.M. 250.

Typo p. 291 for 2nd ed.

This the first edn. in Science.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Morrison's Mashbrown

MARBHRANN

AIR

DR. DÒMHNULLACH

NA TÒISIDHEACHD.

LE

IAIN MORASTAN,

FEAR-CEASNACHAIDH NA H-EAGLAIS SAOIRE, 'S NA H-EARAIBH.

GLASGOW:

JAMES R. MACNAIR, GLASSFORD-STREET;
JOHNSTONE & HUNTER, EDINBURGH.

MDCCCL.

BELL AND BAIN, PRINTERS.

MARBHRANN

AIR

DR. DÒMHNULLACH

NA TÒISIDHEACHD.

LE

IAIN MORASTAN,

FEAR-CEASNACHAIDH NA H-EAGLAIS SAOIRE, 'S NA H-EARAIBH.

GLASGOW:

JAMES R. MACNAIR, GLASSFORD-STREET;
JOHNSTONE & HUNTER, EDINBURGH.

MDCCCL.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
20 MR 1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AN ROIMH-RADH.

Cha 'n ann idir air iarrtus Ughdair a' Mharbhrainn so, a tha e a nis air a chur an clòdh ; ach air iarrtus chàirdean, a chuir impidh air, gu 'n ceadaicheadh an t-Ughdair dhoibh so a dheanamh. 'S ann tha an t-Ughdair féin a' faicinn mar gu 'm biodh am Marbhrann neo-airidh. 'S i ar barail, gidheadh, nach i so a' bhreth a bheirear air, leo-san a chuir eòlas air Dr. Dòmhnullach, agus aig am faighear breithneachadh mu a theagasg, mu a chaithe-beatha, 's mu a shaothairibh gun sgìos ann an seirbhis an Tighearna. Cha 'n fhiosrach leinn, riamh o làithibh an Ath-leasachaidh, gu 'n d' thugadh do 'n Eaglais 'n ar tìr, tìodhlacan agus gràs co-ionann riusan a thugadh ann am pearsa an duine bheannaichte sin, gu h-àraid as leth Gàidhealtachd agus Eileana na h-Alba. Agus mheasadh fìor chàirdean na h-Eaglais agus an aobhair, gu 'm b' uireasbhuidh e, agus gu 'm bu chall e do 'n aobhar, mur cuirteadh ni-eigin air chuimhne 's an dòigh so leis a' ghinealaich a tha a

làthair, mu dhuine, mu 'n aidich na h-uile, gu 'm bu "lòchran lasarach agus dealrach e," anns an robh co iomadh "toileach car tamuill gàirdeachas a dheanamh 'n a sholus." Tha sinn an dòchas gur h-iomadh iad, nach ann "car tamuill" a mhàin, a gheibhear an gàirdeachas sin aca. Agus ged nach e ar n-iarrtus dol a mholadh a' Mharbhrainn roimh làimh dhoibh-san a leughas e,—agus sinn fiosrach mar a rachadh sin an aghaidh iarrtuis an Ughdair; oir bhiodh e 'n a mholadh air a thìodhlacaibh féin, ni air nach 'eil e idir an geall; gidheadh tha sinn an dòchas gun teagamh,—iadsan a fhuair blas air teagasgaibh Dhr. Dhòmhnullaich, agus d' an deachaidh iad sin a bheannachadh,—gu 'm bi ùrachadh d' an cuimhne agus d' an cridhe, ann an iomradh a theagasgan, 's a phearsa, 's a ghiùlain, a gheibhear 's a' Mharbhrann so, air an cuimseachadh, 's air an aithris, air dhòigh a tha a réir na fìrinn mar iomradh air an duine, agus a tha a réir an t-soisgeil mar theisteas agus mar theagasg.

Bha eòlos aig an Ughdair air Dr. Dòmhnullach urramach fad iomadh bliadhna. Bhlais agus fhuair e éifeachd 'n a theagasg; agus iomadh uair misneachd agus comhfhurtachd 'n a chomhluadar. Stiùir an Tighearn a sheirbhiseach gu h-iomadh cèarn agus àite, far an do rìoghaich dorchadas a rìreadh a measg sluaigh, gus an d' òrduich an Tighearn, 'n a àrd-uachdaranachd agus 'n a ghràdh, an Teachdair urramach ud a ghairm 's a dh' ulluich e féin, a chur 'n an rathad, agus soirbheachadh a thoirt d' a shaothairibh gràidh 'n àm measg.

Is duilchinn le h-iomadh, nach 'eil iomradh sgrìobhta air Dr. Dòmhnullach, ni 's farsuinge na 's urrainn bhi ann am Marbhrann 's am bith, air a chur a mach fathast. Tha sinn an dòchas gu 'm bi. Ach, fhad agus nach 'eil, tha sinn an dòchas gu 'm faigh an oidhirp so air cuimhneachan gràidh dha chur suas, deadh-bheatha o chàirdibh na fìrinn ann ar measg; agus gu 'n aidichear saothar gràidh an Ughdair, leis-san d' an comasach a beannachadh do anamaibh.

Ann an clòdh-bhualadh a' Mharbhrainn, chuir sinn ann an cumadh e, gu 'm feudar a cheangal suas 's an aon Leabhar maille ri Marbhrannaibh Dhr. Dhòmhnullaich, a sgrìobh e féin 's a chuireadh a mach leis.

Feudaidh gu 'n ruig am Marbhrann so air iomadh nach do chuir eòlas 's am bith air an Ughdair; agus a chrannchur aige ann an cèarna a tha iomallach. Agus ged nach 'eil feum aige air ar teisteas-ne 'n am measgsan a chuir eòlas air, tha sinn 'g a ghabhail oirnn féin an teisteas a thoirt air, a thugadh roimhe air cuid eile, Eabhr. x. 33, 34. 'S i ar barail nach ann mall a bhiodh Dr. Dòmhnullach féin 's an teisteas ceudna a thoirt dha. Tha fios againn gu 'm bheil stòras eile nach beag aig an Ughdair do Dhànaibh Spioradail, a dh' fheudadh fo bheannachadh gràis bhi tarbhach a chum comhfhurtachd agus oilein do theaghlach a' chreidimh 'n ar measg, na 'n cuirteadh an clòdh iad.

A nis, gu 'n deònaicheadh an Tighearn an oidhirp so a bheannachadh, le iomradh tìodhlacan a ghràis a bhuilich e air a sheirbhiseach, a dheanamh 'n a mheadhon a chum ùrnuighean a phobuill féin a bheothachadh;

a' guidheadh gu 'n deònaicheadh esan amharc oirnn, agus seirbhisich dha féin a thogail suas, a bhiodh mar bha Dr. Dòmhnullach, air an aideachadh leis; agus gu 'm faigheadh an oighreachd furtachd agus i sgìth, fann, agus air a cuibhreachadh.

M. M.

MARBHRANN.

EARRANN I.

I.

Do réir briathran a' Bhìobaill,
Bidh deadh chuimhn' air an fhìrean a ghnàth,
'S le dearmad cha 'n fhaodar,
Gu 'n searg an cliù naomha gu làr;
'S do réir sin mu 'n aon so,
Bhios air ainmeachadh leamsa 'n am dhàn,
'S fad bhios 'iomradh gun di-chuimhn'
Feadh gach aimsir, aig iochd'rainibh gràis.

II.

An t-urramach iùlmhor
Bhi 'n a shìneadh 's an ùir, 's e fo 'n bhòrd,
An t-Ollamh Dòmhnullach cliùiteach,
A bha dìleas mar stiùbhard gun ghò;
Air an t-saoibhreas gun chaomhnadh,
A chuir Dia leat a dh'ionnsuidh nan slògh,
'S iomadh ceud tha fo thùirse,
O 'n là thriall thu, 's a dhùin ort am fòd.

III.

'S trom an osnadh 'g ad ionndrain,
'S frasach, silteach an sùilean le deòir;
A' caoidh 's ag acain gu drùidhteach,
As do dhéigh, fo mhòr chùram 's fo leòin;
'S goimh 'n an àirnibh 'g an ciùrradh,
O 'n là dh' fhalbh thu, gun dùil riut ni 's mò;
Gus an séidear an trompaid,
Bheir na mairbh as an ùir, gu teachd beò.

IV.

'S iad ag ionndrain na chual iad
Fo do theagasgaibh buadhach bha beò,
'Shaor an anama o chruaidh-chas,
Iomadh uair bha 'g an tuairgneadh gu mòr;
Bha do sgeul mu 'n àrd-Bhuachaill,
Dhoibh mar ghaoith a bha fuadach nan neoil,
'S grian na fìreantachd uasail,
Toirt dhoibh aoibhneis le luathghair 's binn cheòl.

V.

'S iomadh aon bha 'n cruaidh chàs dheth,
Aig an leòmhan, 'g am fàsgadh mar uain,
Rinn thu 'shaoradh o 'mhàgaibh,
'S an creuchdan gu slàn dheanamh suas;
'S o mhath-ghamhnaibh 'g an tèarnadh
O 'n reubadh le dàmhair gun truas;
'S an ioghnadh 'n dream sin an trà so,
Bhi 'g ad chaoidh; rinn thu 'm fàgail, 's iad truagh?

VI.

Thuilleadh Sgìre na Tòiseachd,
'S iomadh sgìr' tha fo bhròn 'g ad a chaoidh,
O do bheul leis 'm bu chòisir,
A bhi 'g éisdeachd do sgeòil a bha binn;
Air gràsaibh Iehobhah,
Do anamaibh bha leòint' agus tinn,
Toirt geall-daingnich air tròcair,
Dhoibh an seilbh ann an dòchas le cinnt'.

VII.

'S mòr am briseadh 's a' bhèarna
Ann ar n-Eaglais, le bàs do thoirt uainn,
Bu taic thu 'n ad là dhuinn,
Ann an iomadaidh càs nach gabh luaidh;
'S anns an ni so gu h-àraid,
Mar aodhair 's oid'-àraich an t-sluaigh,
A bha ocrach is pàiteach,
Do 'n do fhritheil thu màna o shuas.

VIII.

'S mòr an iarguin 's gach cèarna,
'N cualas riamh gu beò-bhlàth uait àrd-ghlaodh
Guth na trompaid o 'n àirde,
Chuir crith-ghluasad air cnàmhaibh bha sgaoilt',
Tioram, cruaidh, 's a' ghleann fhàsaicht',
'S le anail na fàisneachd gu saor,—
Thug thu beò dhiubh mòr àireamh,
Tha 'n an deòraidh an dràsda 'g ad chaoidh.

IX.

Bha thu d' chobhar gu fuasgladh,
Air anamaibh bha buairte, 'g an claoidh;
'S luchd-mortaidh mu 'n cuairt doibh,
'G an reubadh 'n an truaghain gun chlì;
'S iomadh éire 's mòr uallach,
Bha trom air an guaillibh 's iad sgìth,
O 'n do shaor thu le buaidh iad,
Chum an aoibhneis, le suaimhneas is sìth.

X.

Dh' fhàg sud goimh dhoibh 'n an àirnibh,
'S iad gun fhios co ni 'n t-àite dhoibh suas,
Chum an ionaltraidh làitheil,
Ann an innis nan gràs 's nan deadh chluan,
Far a minic 'n do thàrladh,
Gu 'n robh 'n anam annt' sàsaicht, 's le uaill,
A' deanamh aoibhneis 's an t-slàinte, [bhuan.
Dh'oibrich Criosd dhoibh 'n a ghràdh tha bith-

XI.

Tha do threud air am fàgail,
As do dhéigh mar am fàsach lom, fuar;
'S gun a' ghrian orr' a' dèarsadh,
Ach fo neul, 's gun fhiòs c' àit iad an gluais;
'S dh' fheumas fantuinn rè làithibh,
A' sealltuinn ri Ard-righ nan sluagh
Gus an deònaich a ghràs dhoibh,
Neach 'n ad àite ni bheàrna dhoibh suas.

XII.

Ach an ti rinn a' bheàrna,
Tha 'n a chomas a càradh gu luath;
Is ma dheònaich a ghràs e,
Gu 'n cuir t' fhalluinn an lànachd a buadh,
Air an fhear thig 'n ad àite,
Gu bhi biathadh an àlaich 's a' chluain,
Anns an d'fhuair iad deadh àrach,
Fhad 's a mheal iad thu 'n làithibh do chuairt'.

XIII.

Tha ar peacaidhean làthail n',
An aghaidh naomh àitheanta Dhia,
A' tarruing gach plàigh' oirnn,
Gach smachd is geur àmhghair is pian;
O, gu 'n tìodhlaic e 'ghràs oirnn,
Chum ar n-ùmhlach' 'n a làthair le fiamh;
Deanamh bròin fo fhéin-àicheadh,
Chum d' a fhìreantachd àrdaicht' bhi strìochdt'.

XIV.

'S gu 'n luathaich e 'n là sin,
'S am bi challaid gu slàn dhuinn mu 'n cuairt
Leis gach briseadh a chàradh,
Ann an diongmholtachd làidir nach gluais
Is nach tuit le feachd nàmhaid,
Ged a dh' iarradh iad fàth air tre fhuath;
Ach gu 'm faigh an treud sàmhchar,
Fo na beannachdaibh gràsmhor 's mòr luach.

XV.

Thaobh do theisteis thug barr,
Air cuid mhòr ann ar là-ne 's 'n ar ré,
Làn do bhuadhaibh 's do ghràsaibh;
'S beag mo chomas gu 'n àireamh gu léir;
Ged nach feudar leam àicheadh,
Nach bu mhiann leam dheth pàirt chur an céill,
Ach mo bhriathran ro-fhàill'neach,
Gu 'làn-iomradh gu àirde mo sgéil.

EARRAN II.

XVI.

Bha do chorp gu treun làidir,
Anns gach ball dheth làn tàbhachd is luth's,
Dìreach, iomchuidh 's gach pàirt dheth,
Chum na crìche an d' àraicheadh thu,
'S bha do bhuadhanna nàduir
Farsuing, fosgailt' a ghnàth anns gach cùis;
A bha feumail 'n ad là dhuit,
Gu toirt eòlais do chàch mar cheann-iùil.

XVII.

Cha robh smal ort thaobh cumaidh,
No 'n ud sgèimh o do mhullach gu d' shàil;
Gu deas, calma, mar churaidh,
Lan do mheanmnadh, 's ro-urrant' gun sgàth;
Beothail, anamant' gu h-uile,
Gu neo-chearbach;—or b' urrainn mi 'ràdh.—
Gu 'm b' ni ana-minic t' uiread,
No d' cho-dhealbh ort a b' urrainn toirt bàrr.

XVIII.

Bha do phearsa 's do ghluasad,
Co tlachdmhor, neo-thuairgneach, is tlàth,
Chor 's gur tearc iad thug fuath dhuit,
Ged bu lìonmhor bha fuaidht' riut an gràdh;
Aig na h-ìslibh 's na h-uaislibh,
Bha spéis dhuit, ged b' uaibhreach dhiubh pàirt,
Ni dh' fhàg t' iomradh 'g a luaidh ac',
Mar sgeul bròin o 'n là chual iad do bhàs.

XIX.

Aghaidh leòmhain bha t' eudan,
'N uair a dh' éireadh luchd-eucoir ort ceàrr;
'S aghaidh duine thaobh reusoin,
Fearail, tuigseach, làn céill' agus bàigh';
'S aghaidh laoigh a thaobh sèimheachd,
Ann an simplidheachd, 's tréibhdhireas gràis;
'S aghaidh iolair thaobh nèamhachd,
'S t' eòlas dìomhair air stéidhibh na slàint'.

XX.

Bha do shubhailcean lìonmhor,
Ann an gliocas, an ciall, 's an deadh ghleus;
Agus aignidhean rianail,
'S glan inntinn bha sìochainteach, réidh,
Air an cleachdamh gach ial leat,
Anns na nithibh bha ciatach annt' féin,
Timchioll reachdan na Diadhachd,
Ris 'n do chum thu do bhriathran 's do cheum.

XXI.

'S e taitneas 's deadh-mhùinteachd,
Bha d' chleachdamh gach taobh air 'n do ghluais;
Bha do chonaltradh iùlmhor,
Le cathrannas ùrail gach uair;
Do gach smachd a' toirt ùmhlachd,
'N uair a làmh Righ nan dùl ort a bhuail,
'S fo gach fulangas giùlaint'
Ann am macantas 's ciùineachd an uain.

XXII.

A thaobh t' oilein 'n ad òige,
Rinn thu thogail an Oil-thigh nan gall,
Cha do rinn thu riamh bòsd as,
Mar na féinealaich phròiseil tha fealls';
Rinn thu feum dheth gu foghlum,
Mu na nithibh bu ghlòrmhoire *stamp;*—
Feum nam peacach air tròcair,
'S na rinn Dia gu 'n toirt beò, o bhi caillt'.

XXIII.

Bha do ghibhtean 's do thàlant'
Chuir an Spiorad o 'n àird' ort a nuas,
Le ath-nuadachadh gràsmhor,
A rinn feumail 'n ad là thu do 'n t-sluagh;
Le do chòrdadh tre 'n ghràdh sin,
Leis 'n do lìonadh gu blàth thu làn truais,
Ris na h-anamaibh neo-bhàsmhor,
Fo do theagasg o 'n bhàs fhuair làn bhuaidh.

XXIV.

Bha ionnlad air t' aodann,
'S t' aghaidh ungta le faoilte gun ghruaim;
Lìon spiorad a' ghaoil thu,
'N ad inntinn le caomhalachd truais;
'S bu shoilleir 'n ad aogas,
'N gràdh thug thu do mhaoth chridh' fo bhuaidh;
'S mòr do ghlòir an Fhir-shaoraidh,
A dhealraich an aobhachd do shnuaidh.

XXV.

Bha thu truacanta, cuimhneach,
Air bantraichibh 's dilleachdaibh fann,
'S air fialaidheachd d' inntinn,
Aig bochdaibh bha cinnt' air gach àm;
Do na coigrich toirt aoidheachd,
'S air a' mhuinntir bha tinn le do làimh,
Bhiodh tu foirinn, 's toirt libhrig',
Do na mhuinntir bha 'm prìosan gu teann.

XXVI.

Lagh a' chaoimhneis bha d' bhilibh,
'S do briathran a' sileadh mar dhrùchd,
Air an fhonn a bha tioram,
O sheargadh toirt cinneis as-ùr;
'S do chainnt bha ro-mhilis,
Do anamaibh 'n an innibh ro-chiùrrt',
'S fear an gràidh ac' 'g a shireadh,
A' caoidh a làthaireachd, timeach, 's fo thùirs'.

XXVII.

Ri anamaibh nan deòradh,
Bha thu iochdmhor, làn teò-chridheachd crì',
'N uair bha 'n truailleachd 'g an leònadh,
'S ag iarruidh gu beò os an cinn;
Bha thu d' bheannachd 'g an còmhnadh,
'S gu 'n aiseag gu sòlas a rìs,
Trid na geallanaibh mòra,
Air 'n d' thug gràs dhoibh làn chòir ann an Criosd.

XXVIII.

Bha duinealas fuaidht' riut,
Anns gach ceum do do ghluasad 's gach àm;
Bha géir' air do bhuadhaibh,
Bha ullamh thoirt buaidh air luchd-feall;
Le faobhar gun tuaireap,
'S nach feudadh luchd-fuath ort thigh'nn teann;
No na toibheumaich shuarach,
Le anabas truaillidh an teang'.

XXIX.

Bhiodh dō naimhdean fo mhùiseig,
Fo do smachd, oir bha t' ùghdarras treun;
'S mòr a chìteadh 'n ad ghnùis dheth,
'S ann an sealladh do shùl a bha geur;
Dheanadh 'n coguis dhuit lùbadh,
Ged bha 'm mèinn co droch-mhùinteath gu géill,
'S rachadh 'n ana-cainnt do 'n chùl-tigh,
Gun chead labhraidh no brùchdaidh tre 'm beul.

XXX.

Anns gach comunn bu ghairbhe.
Gu 'n do tharruing do ghairm thu 'n ad ré;
Bu làn ghaisgeach fo t' airm thu,
Gu cur casg air gach seirbhe fo stéill;
Bha t' fhocal co cuimseach,
Gu 'm buailteadh gu bailbhe gach beul,
Bheireadh ionnsuidh le coirbteachd,
Gu do chiùrradh le 'n ana-gloir gun chéill.

XXXI.

Cha robh aon a dh' iarr fàth ort
Le fanoid, le tàire, no bùirt,
Do na h-aingidh le 'm b' ghràin
Na ghabh e do dhànachd 'n a ghnùis,
Tigh'nn a chonnspoid 'n ad làthair,
Gu do ribeadh le fal-chainnt 's mi-rùn,
Do nach d' rinn thu ball-àbhachd,
A' teicheadh uaite le nàir is beul dùint'.

XXXII.

Cha bu leòmhan an leisg ort,
Gu do chumail o dhleasdanas ceum;
Ealamh, èasguidh, gu teagasg,
Do anamaibh a sheas ann a fheum;
Bha thu ghnàth gu ro-dheasaicht',
Anns gach cùis mar a fhreagradh do d' dhreuchd,
Chuireadh dhiot leat gach leth-trom,
'S 'm peacadh iadht' bha cur geilt ort 's an réis.

XXXIII.

B' e anama a thèarnadh,
An cùram ri t' àirnibh bha dlùth;
Aig gach àm 's an do thàir thu,
Ghabh thu 'n cothrom 's gach àit; oir b' e d' rùn
Saor shoisgeul na slàinte
Chur an céill ann an gràdh do gach dùil;
Ann an ùmhlachd do 'n àithn' sin,
A thug Criosda tre ghràs do chinn-iùil.

XXXIV.

Bu laoch thu bha duineil,
Mar leòmhan gun ghioraig gun fhiamh;
Nach géilleadh, 's nach pilleadh,
Roimh naimhdibh bha fineachail, fiat';
Bu dìomhain gach inneal,
A dh' fheuch am fear-millidh riut riamh,
Chur mu d' thimchioll gu d' spionnadh
Dheanamh anfhann mar mhinisteir Chriosd.

XXXV.

'N uair dh'fheuch lagh na Stàide,
Gu cuing ort a chàramh nach b' fhiach,
Mar ghabh muinntir gun ghràs rith',
Chaidh 'n an tràillibh ag àicheadh cuing Chriosd;
'S ann rinn thusa le d' bhràithribh, [ghnìomh,
Mar rinn Daibhidh, 's b' e dha-s' an deadh
Thilg an lùireach gu làr dheth,
Bha 'n a cuibhreach dha, 'n àit bhi 'n a dìon.

EARRANN III.

XXXVI.

Do sholus bha fìor-ghlan,
Mu aon bhith naomh Dhia na fìor ghlòir',
Mu a Phearsaibh, 's mu 'n riaghladh,
Bu shoilleir o bhriathraibh do bheòil;
Do anamannaibh sìorruidh,
A ghràdhaich e 'n Criosda co mòr,
Ghabh e 'n nàdur bha ìosal,
Chum 'n an àit a thoirt dìolaidh 's an fheòil.

XXXVII.

Bha do thàlaintean fiachail,
A chum gràs air deadh rian anns gach dòigh,
Toirt bàrr air na ciadaibh,
A shaothraich 's an fhion-lios 'n ad lò;
Deanamh soilleir gu 'n d' fheuchadh
Do t' anam an dìomhaireachd mhòr,
A dhaingnich do shìochaint,
Le dian-bheachd is làn-chinnteachd air còir.

XXXVIII.

Dh' fhàg sud thu ro phrìseil,
Mar theachdaire dìleas air gràdh,
Is gràs an Fhir-shaoraidh
Do anamaibh nam mìltean do chàch;
'N ad theagasg o 'n Bhìoball,
Le Spiorad na fìrinn o 'n àird',
Do 'n aingidh toirt saorsa,
Tre fhulangas Chriosda 'n a bhàs.

XXXIX.

Bha do chomasan farsuing,
A ghabhail glan-bheachd anns gach pàirt;
Air chomhpairt gach pearsa
Do 'n diadhachd, o eachdraidh na slàint',
A' saoradh nam peacach,
O 'n dìteadh dh' fhàg glaist' iad an sàs;
An daors' fo bhinn ceartais,
'S nach feud fuasgladh air ais iad ach gràs.

XL.

Air gliocas neo-chrìochnach,
An Athar, tha dìomhair r' a luaidh,
Cur a Mhic an staid ìosail,
Air a ghineamhuinn o mhnaoi, ach neo-thruaillt';
Leis an Spiorad ro-naomha,
Ann an nàdur na daonachd a nuas,
Fo 'n lagh bhrist' air ar taobh-ne,
Gus a' mhallachd, 'n a ìobradh thoirt uainn.

XLI.

Gaol an Athar tha sìorruidh,
Air a nochdadh 'n a mhìorbhuil ro mhòr,
A' dealbh a Mhic air mhodh dhìomhair,
Leis an Spiorad ro-fhìor-ghlan 's an òigh;
Thaobh a dhaonachd b' e 'sìol-s' e,
Ach bha 'ghineamhuinn o Dhia na h-àrd ghlòir';
Gineil Dhaibhidh 's a fhreumh e,
Dara pearsa na Diadhachd gun ghò.

XLII.

Ged bu dìomhair air daoinibh,
'S air na h-ainglibh ro-naomha tha shuas,
'N dà nàdur bhi 'n aonachd,
Ann am pearsa ro fhìreant' an Uain;
Eadar-dhealaicht' gun chaochladh,
Ann an diadhachd 's an daonachd bhith-bhuan,
Bu shoilleir o 'n fhìrinn,
Ann do theagasg 'g a inuseadh do 'n t-sluagh.

XLIII.

Bu shoilleir o d' bheul e
Gu 'm bu Dia e le fèithibh is feòil;
'S le anam bha reusont',
Ag osnaich ann féin le mòr bhròn;
A bha ocrach is ìotmhor,
'S bha sàruicht' le sgìos is fo dheòir;
'S a dh' fhuiling bàs;—'s e an ìobairt,
Cuirp is anama,—gu sìth thoirt d' a shlògh.

XLIV.

'S tu dh' fhàgadh soilleir gur Dia e,
Leis an sgriobtuir, 'n a mhìorbhuilibh mòr',
Cur na fairge gu sìothchaint,
'S gaoth dhoinnionnach, dhian, 'g a cur stòld';
'S ann an tilgeadh nan diabhull
A mach le naomh-bhriathraibh a bheòil;
'S ann a aiseirigh sgiamhaich,
Air a' bhàs toirt buaidh shìorruidh le glòir.

XLV.

'S mu' obair thrì dhreuchdan,
Bu shoilleir o bhriathraibh do bheòil;
Mar fhàidh, toirt sgeula
Do an'maibh,—toil Dhé an toirt beò;
'S mar Shagart, toirt dìolaidh,
Do cheartas, 'n a ìobairt 's an fheòil,
Chum an réite 's an sìothchaint,
Ri Dia, dheanamh sìorruidh fa dheòidh.

XLVI.

Mar Fhàidh 'g an saoradh,
O 'n aineolas baoghalt is bàth,
O 'n dorchadas millteach,
'S o dhoill'-inntinn le fìrinn a ghràis,
'S le 'Spiorad gu dìleas,
A' nochdadh dhoibh innleachd na slàint';
'S toirt eòlais le cinnt' doibh,
Air peacadh, is mì-run an nàmh.

XLVII.

Rùn dìomhair an fhocail,
Le 'Spiorad, 'g a fhosgladh dhoibh suas,
An solus an t-soisgeil,
Gu 'n anamanna chosnadh le buaidh ;
'S a' fosgladh na tuigse,
Gu eòlas a ghliocais d' a shluagh,
'S 'n a thròcair toirt fios doibh,
Air teò-chridheachd iochdmhor a thruais.

XLVIII.

'S mar shagart 'g an tèarnadh,
O chiont is gath bhàis rinn an teum,
'S o 'n fheirg a bha tàmh orr',
'S 'g an aiseag gu fàbhar is réit';
Tre 'fhìreantachd shlàinteil,
A mheas doibh gu làn, air grunnd stéidh'cht',
Tre chreidimh 'n a ghràdh doibh,
Nach dìobair gu bràth iad, 's nach tréig.

XLIX.

Ghabh am mallachd 'n an àit air,
'S a chorruich 'n a làn air a dhòirt;
'Fhuil-fhallas 's a' ghàradh,
A' taomadh gu làn tre gach pòir;
'S b' e 'n t-ioghnadh mar thàrladh,
Gu 'n caidleadh a chàirdean fo chlò,
D' am buineadh an àmghair,
Thaobh nàduir, na 'm fàgtadh iad foidhp'.

L.

'S geall-daingnich tha fìor i,
Bha dhoibh-san air sìothchaint is slàint',
Trid esan bhi 'm piantaibh
A ghabh an gaol sìorruidh 'n an àit ;
D' a bheannachdaibh tìodhlaict',
Gu 'm b' iadsan am fìor luchd-comh-pàirt,
Chum an treibhdhireas fìor-ghlan,
An ùmhlachd do Dhia thoirt le gràdh.

LI.

Bu shoilleir 's bu chòmhnard,
O theagasg do bheòil e bhi ghnàth,
Air deas-laimh na mòrachd,
A' tagradh an còrach gach là,
'S an t-Athair ro-ghlòrmhor,
Air caithir na tròcair toirt dha,
Nam beannachdan òirdheirc,
Thoirt neirt agus treòir dhoibh gach là.

LII.

'S bu taitneach do chluinntinn,
Mu 'oifig mar Righ anns gach pàirt,
Toirt bruid ann am braighd'neas,
Is diabhuil 'g an stampadh fo 'shàil,
Ceangal shàtain fo 'n stamhnadh,
'S 'g a spùineadh d' a ann-toil le spàirn;
Chreach dhligheach le ainneirt,
'G a fuasgladh, bh' air bhann aig', fo 'smàig.

LIII,

'S a' fuasgladh nan geamhlan
Bhàrr chìomach bha teann aig an sàs,
Fo dhaors', an staid chaillte,
Fo ghlasaibh, 's fo chuibhreachaibh bàis;
'S toirt anaman bha aingidh,
'S làn ceannairc', fo cheannsachadh dha,
'S gu strìochdadh, o 'n naimhdeas,
Gu h-ùmhlachd gun fhoill, le fìor ghràdh.

LIV.

Bu leis féin an còir fuasglaidh;
Bha 'n anama ro-luachmhor 'n a làth'r;
'S an toil theid a bhuain leis,
'N la a chumhachd gu buadhach le 'ghràs;
'S e togail na fuair dhealt,
S' eigh-reodhaidh a' chruais dhiubh, le 'ghràdh;
Cur casg le trom bhualadh,
Air naimhdibh thug fuath dhoibh, is dha.

LV.

'S 'g an éideadh fo 'n armaibh,
Mar shaighdearaibh calma, nach clì,
Fo 'n trusganaibh dearbhta,
Nach teirig 's nach searg dhiubh le aois,
'S e féin mar cheann armailt,
Le 'bhrataich, an tearmunn nach claon,
'G an dìon 's gach cath gailbheach,
Ged lotar, nach marbhar dhiubh aon.

LVI.

E toirt costuis is lòin doibh,
Gu cogadh gu beò air a thaobh,
Lagh is reachdan 'g an seòladh,
'G an riaghladh le òrduighibh naomh';
'S 'g an dìon o luchd-fòirneirt,
'S 'g an cobhar le dòchas na sìth',
'S toirt dhoibh thìodhlacan òirdheirc,
Bheir dhoibh aoibhneas is sòlas 'n an cridh'.

EARRANN IV.

LVII.

'S mu obair an Spioraid,
'S tu labhradh gu sgileil is réidh,
'S bu shoilleir 'n ad imeachd,
Gu 'n deach i troimh t' innibh gu treun;
'S thug e fianuis gu minic,
Gu 'm b' fhìrinn a dh' innis do bheul,
M' a thimchioll,—a' sileadh,
Toirt a làthaireachd mhilis do d' bheul.

LVIII.

An Spiorad a ghluais
Air na h-uisgeachaibh buan, an ceud là,
'S chuir mais' agus snuadh,
Air a' chruitheachd, le buaidh is le h-àdh,
'S chuir 'anail a nuas,
Air beò-chreutairibh chuantan is bhlàr,
'S nan speur a ta shuas;
'S a chuir anam neo-thruaillidh an Adh'mh.

LIX.

'S mar Spiorad na fìrinn,
Dheachd briathran a' Bhìobaill o 'n àird,
'S a dhealbh 's a ghin Iosa,
'M broinn Mhuire le mìorbhuil a ghràidh,
'S dh 'ung nàdur a dhaonachd,
Gu ofig thrì-fillte le 'ghràs,
Chur an guìomh air son saorsa,
Do anamaibh o dhaors' air a sgàth.

LX.

'S mar Spiorad an dùsgaidh,
Tha reubadh 's a' rùsgadh brat sgàil',
Bh' air cridheachaibh dùinte,
Bha marbh ann an dùsal a' bhàis.
'S ag oibreachadh dùrachd,
'N an anamaibh le cùram mu 'n slàint',
Ag osnaich fo thùirse,
'S an coguis 'g an sgiùrsadh, gun bhàigh.

LXI.

Tha toirt aithne do thruaghain,
Air cionta is truaighe le chéil',
'S toirt eòlas mu 'n Uan doibh,
A thàinig a dh' fhuasgladh a threud,
'S air 'fhìreantachd uasail,
'N a h-iomlanachd bhuadhaich gu léir,
Tha sìor thabhairt shuaimhneis,
Do 'n pheacach is truaigh' tha fo 'n ghréin.

LXII.

'S mar Spiorad an t-soluis,
Tha foillseach' gaoil brollaich an Triath,
'S 'g a nochdadh,—thoirt cothroim,
Gu aomadh na toile gu Criosd,
D' an obair 's d' an onoir,
Bhi co-chur na fola dhòirt Ios',
Ris a' choguis,—gu folach,
Gach peacaidh, chum sonais is dìon.

LXIII.

'S mar Spiorad an aonaidh,
Ri Dia ann an Criosda gu bràth,
'N co-cheangal na saorsa,
Le banntaibh nach sgaoil leis a' bhàs,
'N co-chomunn a' ghaoil sin,
Nach fuaraich, 's nach lughdaich le gràin.
'S an co-chumadh na naomhachd,
An gràs, 's ann am fìrinn a' fàs.

LXIV.

'S mar Spiorad nam buadhan,
Tha nochdadh gach truailleachd is gaoid,
'S tha gintinn naomh fhuath dhoibh,
'S na h-anamannaibh luachmhor 'n an crìdh',
'S tha 'g ìsleachadh uamhair,
Is àrdain, 's féin-uaill, anns na naoimh,
'S a neartaicheas suas iad,
Gu taic dhoibh o bhuaireadh 's droch dhaoin'.

LXV.

'S mar Spiorad na dìlseachd,
'S an treibhdhireis fhìor tha gun ghò,
'S tha cumail gu dìreach
Ri sgriobtuir na fìrinn 's an ròd,
'S nach aontaich le daoinibh,
No deamhnaibh, gu claonadh o 'n chòir,
'S nach àicheidh cuing Chriosda,
Le tàire, gu 'miann thoirt do 'n fheòil.

LXVI.

Spiorad fair' agus ùrnuigh,
Is furachrais dhùrachdaich, dhian,
Tha cur freiceadain dùbailt,
Air na h-anamaibh tha dùinte ri Criosd,
Cur an cridhe fo chùram,
'S eagal tiamhaidh 'n a dhùisg annt' roimh Dhia,
'S thig o 'n àird' dhoibh thoirt ùraich,
Eagal cadail fo dhùsal, 's fàs crìon.

LXVII.

Spiorad Dhé is na glòir' e,
Tha gabhail gnàth chòmhnuidh 'n an crì';
Dh'uchd-mhacaich an tòs iad,
Mar chomhfhurtair mòr dhoibh toirt sìth',
'S a' nochdadh dhoibh òirdheirceis,
'S saoibhreas an eòlais tha 'n Criosd,
An geall nach bu mhòr leo,
Na chaill iad:—'s e 'n glòir bhi d' a dhìth.

LXVIII.

'S mar Spiorad an t-suaimhneis,
A labhras 'n a thruas 's a' chuairt-ghaoith,
Ri anamannaibh buairte,
Le doinninn an uamhais 'g an claoidh.
'S bheir foistinn o shuas dhoibh,
O Ard-righ nan sluagh a' toirt cinnt'
Air a' cho-cheangal bhuan sin,
Gu bràth bhi do-ghluaiste d' an taoibh.

LXIX.

'S ged bhiodh an geur àmhghar
Ro theinnteach, neo-ghnàthaicht', r' a luaidh,
Ni 'n Comhfhurtair gràidh so,
An cumail an sàs ris an Uan,
A their 's leòir mo ghràs duibh,
'S mo chùmhnant iom-làn chumail suas,
Bhur n-anam nach fàilnich,
'S treun spionnadh mo ghàirdein mu 'r cuairt.

LXX.

'S mar Spiorad a' ghràidh sin,
Tha 'g aonadh 's a' tàthadh r' a chéil',
Nam ball ri 'n Ceann àrdaicht',
'S 'g an gabhail mar phàilliunn dha féin,
'S an coinnleir d' a lànachd,
A' taomadh a ghnàth réir am feum'
N' a lòchran tha deàrsach,
Thoirt soluis do 'n àros gu léir.

LXXI.

'S mar an Spiorad ro chaomha,
A ghlanas gach gaoid is droch càil,
'S ni nàdur a chaochladh,
Gu maise na naomhachd a 's àilt',
'S ni 'n taobh stigh 'n a mhaise,
A ghlanadh gu 'n gnìomh bhi ni 's fèarr,
'S ni taitneach araon iad,
'N an seirbhis 's 'n an inntinn a ghnàth.

LXXII.

'S e ghin iad o 'n àirde,
'S tha dòrtadh a mhàn ann an crìdh',
An dòchas nach nàraich,
Tha cinnteach nach fàilnich an tìm,
Toirt fàth-uaill dhoibh 'n an àmhghar,
'N an trioblaidibh, sàruicht' is claoidht',
'S o chorp peacaidh is bàis,
Ann am miann bhi gu slàn aig làn shaors'.

LXXIII.

'S tha 'g an còmhnadh gu làitheil,
'N an anmhuinneachd ghnàthaicht' fo sgìos,
Le osnaich do-ràitinn,
A' tagradh do ghnàth air sgàth Chriosd;
O theachdairibh shàtain,
'S na sguilb tha 'g an cràdh gu ro dhian,
'S a' toirt foillseachaidh àrd dhoibh,
An cainnt ni nach dàna leo inns'.

LXXIV.

A' toirt foillsichidh'n mòr' dhoibh
'N an inntinn, air òirdheirceas caomh,
Ard Phàras na mòrachd, [gach aon,
Dh' ionnsuidh 'n gairmear fa dheòidh dhiubh
'S a ni 'n anama-san lònrach,
'N uair dheal'chas an deò riu le aog,
'S bheir aiseirigh bheò air
An corpaibh, le glòir tha ro naomh.

LXXV.

An Spiorad thug càil
Do na h-anamaibh a ghràdhaich e féin,
Nach riaraich 's nach sàsaich,
Ach Criosd, is a lànachd air nèamh;
'S a' meas mar ni 's fèarr dhoibh,
Bhi triall as am pàilliunnaibh cré,
Gu 'fhaicinn-s' mar tha e,
'S a mhealtuinn, gun sgàil air an léirs'.

LXXVI.

'S 'g an deanamh féin-àicheil,
Is strìochdta d' a àitheantaibh féin,
Gus nach toigh leis am fàgail
Ni 's fhaid' ann am fàsach nan deur,
'N am fianuisibh dha-san,
Gu seirbhis d' a chàs mar an ceudn',
Chum glòir' a shaor ghràis-san,
Is comhfhurtachd àraich a threud'.

LXXVII.

An Spiorad, gu saoibhir
A dhoirt là na caingis gu treun,
'S a labhair le teangaibh,
A thuilleadh air Eabhra 's air Ghréig;
'S thug so mar gheall-daingnich
Nach pill e 's nach fanntaich a cheum,
Gus an cluinn cluasan mall,
A bheò-bhriathran 's gach cainnt tha fo 'n ghréin.

LXXVIII.

A sgaoileas an fhìrinn,
Gu soilleir feadh thìribh an céin,
'S bheir uachd'rain is righrean
Gu strìochdadh do riaghailt tigh Dhé,
'S nach bi mòr-roinn na rìoghachd
Nach aidich 'n an crìdh' 's nach toir géill,
Do laghannaibh Chriosda,
'N a Eaglais, tre bhriathraibh a bhéil.

LXXIX.

'S cha bhi Righ no fear-riaghlaidh,
Ag iarruidh an riaghailtean féin
A mheasgadh le 'rian-san,
('S bhi cheana 'g a dheanamh b' e 'm beud!)
Gheibh na ceannairceich tìodhlac,
Bheir fo smachd iad, 's gu strìochdadh gu léir,
'S bidh aonachd ion-mhiannaicht'
Gaoil Chriosda feadh chrìoch chruinne-ché.

LXXX.

Cha b' e 'ghibhtean, ge h-òirdheirc,
Thug thu mar ghrunnd tròcair do chàch,
Dh' easbhuidh 'thoraidh, bu mhò leat,
An creidimh, an dòchas, 's an gràdh;
Tha 'n an gràsaibh sìor bheòthail,
Ann an anamaibh a' còmhnuidh 's a' tàmh;
Toirt dhoibh aoibhneis is sòlais
Ann an Criosda Iehobhah an slàint'.

LXXXI.

An creidimh tha gabhail,
'S an dòchas tha daingean an greim,
'S tha 'g earbsadh gu faireil,
'S a' feitheamh a' gheallaidh gun fhoill,
'S an gràdh tha sìor tharruing
A' mhiann sin nach fannaich a chaoidh,
'S ag iomchair gach eallaich,
Gu 'n sealbhaich e 'm beannachd gach linn.

EARRANN V.

LXXXII.

Bu ghaisgeach ro chalm' thu,
'N uair bhiodh tu fo t' armachd gu 'n mheang,
'S do shaighdean gun dearmad,
Dol beò 'n an geur dhealgaibh gu teann,
Tre inntinnibh marbhant',
'G an dùsgadh le farbhas o d' chainnt,
Fo 'n chiont thug an fhearg orr',
'S fo 'n mhallachd tha leanmhuinn gach feall.

LXXXIII.

Bhiodh na naimhdean air bhall-crith,
'S cha b' ioghnadh, fo 'n arm dhuit bu lann,
Claidheamh lìomhta, geur, earbsach
An fhocail, bha dearbht', ann do làimh,
Le 'dhà fhaobhar gu marbhadh,
'S ath-nuadhachadh 'n an'm'a bha caillt',
An lagh, nach toir tearmunn,
'S an soisgeul gu 'n teanacsadh air ball.

LXXXIV.

'S tu a lomadh 's a spùilleadh
Féin mhealltairean dùrr bhiodh ri uaill,
O 'n cuid luideag mhi-chùbhraidh
'M féin-fhìreantachd, (lùthrach gun bhuaidh;)
'S cha 'n fhàgadh tu cùl-taic,
Aig aon diubh, gun tionndadh gu luath,
'S tu tairgseadh beath' an cois t' impidh,
Do gach tuigse, gun ionndas gun luach.

LXXXV.

'N uair a shéideadh an anail
Gu treun ort, bhiodh t' anam cho beò,
'S bhiodh buaidh leat, 's cha b' ainneamh,
Air cluasaibh 's air faireachadh slòigh;
'S crith-ghluasad cur cabhaig
Le luasgadh is grabh ann am feòil,
Thoirt dìdean a' bhail' orr,
'S fear dìolaidh na fol' air an tòir.

LXXXVI.

'S bhiodh na mairbh air an dùsgadh,
'S gheibheadh doill bha gun sùilibh an léirs';
Agus lomnochdaich rùisgte
Deadh thrusgan na h-ùir-mhais' 's glan sgèimh;
'S neach bha 'n dorchadas dùldaidh,
Gheibheadh solus an iùil d' a chos-cheum;
'S òighean cadail geur dhùsgadh,
'S bacaich, dannsadh, gu sunndach a' leum.

LXXXVII.

'N neach bha caillt' bhiodh deadh sgeul air,
'S gheibheadh anmhuinneachd tréine is treòir,
'S neach bha buairte 's na éigin,
Gheibheadh fuasgladh o dheuchainn 's o leòn;
Gheibheadh ocraich deadh bhiadhtachd,
Agus ìotmhor casg ìotaidh 's r' a òl;
'S ciomaich ghlaiste fo fhiachaibh,
Saorsa naisgt' le làn dìoladh is còir.

LXXXVIII.

Bhiodh na cridheacha calma,
'G an sgoltadh 'n an spealgaibh 'n an cliabh,
'S bhiodh inntinnean dalma,
'G an tionndadh o ana-gnath gu rian;
'S na cuilbheirtich chealgach,
'G an glacadh mar tharbh anns an lìon;
'S luchd mi-ruin is ana-miann,
A' caoidh bhi gun tearmunn o Dhia.

LXXXIX.

'S na h-inntinnean talmhaidh,
Bha feòlmhor, 's a dhearmaid roimh 'n àm,
Gu 'n do thoill iad an fhearg sin,
Bha nise 'g an leanmhuinn gu teann;
A' caoidh fo 'n cor anama,
'S a nis an ceud earbs' air a call;
'S gun dìdean, gun tearmunn
'S an àm ac' an sciilbh, o bhi caillt'.

XC.

'S na saoghaltaich mheallta,
Bha gionach gu saoibhreas is stòr,
'N an éigin an teanndachd,
'S an cridhe fo champar gu leòir;
'S a' choguis bha stampta,
Toirt fianuis a naimhdeas bhi mòr;
'S an cunnart tre 'n aing'eachd,
Grad thuiteam an laimh an Dé bheò.

XCI.

'S luchd-misg' agus geòcaich',
'S luchd-neo-ghloin' do 'n fheòil thug am miann,
'S luchd-bhreug is gach dò-bheirt,
Is féinealaich bhòsdail gun chiall;
Is saobh-chreidmhich ghòrach,
Bha dorcha, gun eòlas ac' riamh,
Ag acan gu brònach,
Mar shaltair iad fodhpa lagh Dhia.

XCII.

Ach, o innibh na tròcair,
Bha 'n inntinn Iehobhah d' an taobh,
Chuir a Spiorad gu d' sheòladh-s',
'S a lìon thu le teò-chridheachd gaoil;
Rinn dhiot teachdaire glòrmhor,
D' an anamaibh,—bha sòlasach, caomh;
Rinn thu 'n gairm o 'n staid bhrònaich,
Dh'ionnsuidh còir, tre dheadh dhòchas, air Criosd.

XCIII.

Mar bha 'n t-ionmhas neo-chrìochnach,
Bha 'n tabhartas fialaidh d' a réir;
'S cha bhiodh easbhuidh nach riaraicht'
Cia co tartmhor, 's cia cìocrach 's bha 'n treud;
'S tu mar stiùbhard, glic, rianail,
Cur nan geallaidhean lìonmhor ri 'm feum;
'S creidimh gabhail co-lìonaidh,
Air na beannachdaibh sìorruidh gu lèir.

XCIV.

Bha éifeachd 'n ad ùrnuigh,
Tre dheatach na tùis' a' dol suas,
'S do chridhe 'n dian dhùrachd,
A' tagradh gu dlùth trid an Uain,
Toirt silidh air sùilibh,
'S toirt leaghaidh le srùladh air cruas,
'S air inntinnibh brùideil,
Toirt taiseachd gu drùidhteach fo bhuaidh.

XCV.

'N àm do naimhdibh bhi strìochdadh,
Air am bioradh fo phiantaibh gu geur;
Aig do làimh bhiodh sàr ìocshlaint,
Chum an lotan a lìonadh, 's an creuchd;
Fuil a' cho-cheangail shìorruidh,
Chaidh a dhòrtadh gu fial chum an réit',
Leis an Spiorad gu sìothchail,
Chuir an inntinn air rian 's air dheadh ghleus.

XCVI.

Air droch innleachdaibh Shàtain,
Bu mhòr t' eòlas, mar nàmhaid nan uan;
Tha mar leòmhan do-shàruicht',
Ann am miann bhi 'g an tàrisinn le 'chluain;
Dh' fhàg sud cùram ro àraid,
Mu 'n chuilc bhrùit' ort a ghnàth chumail suas;
'S mu 'n chaol smùid, chum nach bàit' i,
Ann an tuiltibh nan àmhgharan cruaidh'.

XCVII.

Bu sheanair glic thu 'n ad aimsir,
Chaidh tre mhòran do dhearbhadh thu féin;
Chunnaic blàthan a' seargadh,
Bha gun toradh is aimrid 'n an gnè;
'S geugan ìosal nach aithnicht' orr'
Mòran coslais, 's bha tarbhach 'n a dhéigh;
Dh' fhàg sud faic'leach 'n ad ghairm thu,
Anmhuinn, dìleas, ro-earbsach, is treun.

XCVIII.

B' athair caomhail do chloinn thu,
Air do lìonadh le caoimhneas is gràdh;
'S tu 'g an iomchar 's an ancachd,
'S anns a' ghuth-àit a dh' oidhche 's do là;
Leat a b' ionmhuinn 's a b' aoibhneach,
Bhi 'g am faicinn a' cinntinn 's a' fàs;
'S toradh t' ùrnuighean dìomhair,
Chuireadh suas leat ri Dia as am pàirt.

XCIX.

Bha thu 'n truas ris na h-aingidh,
Tearc no lìonmhor bha naimhdeil do d' chliù,
Bha thu giùlan gu mallda,
Leis gach aon dhuit bha 'n gamhlas 's mi-rùn;
Chàrn thu tein' air an ceann-san,
Leis a' mhaith nochd thu 'n geall an droch dhùil,
'S cha d' chuir lasan no campar
Bheag do d' shìochaint an call ort d' an taobh.

C.

'S mòr an t-urram chuir gràs ort,
Anns an t-saoghal so làthair 'n ad chùrs,
Clann do chloinne bhi fàs ann,
'S ag éirigh an àird ri do ghlùn;
Toil-inntinn shìothchail do d' ghràdh ann,
Chunncas sud leat mu 'n d' fhàilnich do shùil;
'S aobhar dòchais gu 'm fàs dheth,
Ni nach fac thu 'n ad là fo bhlàth cùbhr'.

CI.

B' aodhair ath-truasach, caomh thu,
Ris na caoraich o raointibh an cluain,
Chaidh le seach'ran air faontrath,
Ann an rib' an droch aoin iad a bhuair;
B' e 'n ath-aiseag o 'n claonadh,
An t-aon ni d' an taobh a bha uait,
Chum an ionaltraidh daonnan,
Ann an innis na naomhachd 's na stuaim.

CII.

Cha b' e 'n reubadh 's am pronnadh
Bu bheus dhuit, ach tairisneachd truais;
'S le t' impidh 's le t' earail,
An creuchdan a ghlanadh gu nuadh,
Ann an iocshlaint na fala,
Dheanadh sgiamhach is glan iad 'n an snuadh,
Le deadh rùintibh gu h-aithreach,
Chumadh dlùth iad 'n an caithris o shuain.

CIII.

'N uair a chuireadh tu 'n céill doibh,
Cia mar mhill siad iad féin le dol clì,
'S ann bhiodh eangana geur' ort,
Gus an dealbht' 'n a dhéigh sin annt' Criosd;
Spiorad tilgidh gu léir-sgrios,
Cha b' e sud bha 'n ad chré dhoibh ach sìth,
Spiorad cosnaidh tre dheadh-ghean,
Neach 'n an àit thug an éiric gu crìch.

CIV.

Bha thu d' nàmhaid do 'n pheacadh,
Mar theine ro chaithteach is dian;
Agus t' eud 'n a ghnàth-lasair,
Ag iarruidh cur as dha gun sgìos;
S' nach fàgadh tu fasgadh
Aig aon bha 'g a chleachdamh 'n a ghnìomh;
Gus an iompaicht' air ais iad,
Gus a fhreumh a ghrad chasgairt an Criosd.

CV.

Bha do chàil co beag tlachd dheth,
Mar an ni bha mi-thaitneach le Dia,
Leag a mhallachd mar smachd air,
Air a leanmhuinn le masladh 's mòr phian;
Ged a b' ionmhuinn a Mhac leis,
Leag se 'fhearg air mar shac a bhruth sìos;
'S ann an àite nam peacach,
Cha robh feòirling dha maithte gun dìol.

CVI.

Bha an ni sin dhuit gràineil,
A tharruing am bàs air Mac Dhia;
Puinnsean nimheil an dràgoin,
Fìor nàmhaid shìl Adhaimh 's glòir' Chriosd;
Air an aobhar 's cha b' àill leat
Annad féin no do chàch bhi 'g a dhìon;
Ach a dhìteadh tre 'n ghràs sin,
Thug làn bhuaidh air, 's a ghnàth-chur gu dìth.

CVII.

Thaobh gu 'n d' aon a ghràs tèarnaidh
Ris féin thu, 'n a ghràdh dhuit an Criosd,
Bha do thruas ri d' cho-bhràithribh,
Obair làmh an Ti 's àird' ann an gaol;
'S O! b' e 'n anama neo-bhàsmhor,
A thèarnadh, rùn-gràdhaicht' do chrìdh',
B' e do shaothair 'n ad là sud,
Gus 'n do thriall thu 'n uair thàinig do chrìoch.

CVIII.

B' e 'n crann-ceusaidh do rìreadh,
A cheus dhuit an saoghal 's an fheòil,
'M bonn teagaisg gu daonnan,
O 'm bu mhiann leat bhi 'g innseadh do sgeòil;
Glòir an Uain air chaidh ìobradh,
Bu shoilleir, 'g a inns' o d' chainnt bhcòil,
'S feòil a mhàin ghabhadh sgìos dhiot,
'N àm dhuit iomradh air 'fhìreantachd mhòir.

CIX.

Bu ghlòrmhor o d' bhilibh,
Ri éisdeachd, le ciomaich bha truagh,
Mu 'n ghaol tha gun choimeas,
Tha chòmhnuidh 'n a innibh bhith-bhuan,
Do na thàinig e 'shireadh,
'S a thèarnadh o mhilleadh le 'thruas;
Fo theisteas an Spioraid,
Toirt leaghaidh le tiomachd air cruas.

CX.

Do mhacaibh nan tàirneanach,
B' aon thu bha làidir làn lùths;
Gu daingnichean Shàtain
A leagadh gu làr leat 'n an smùir;
'S am ballachan àrda,
Bha a' cumail a thràillean gu dùr,
An glasaibh a bhàis leis,
Gun solus nan gràs theachd gu 'n sùil.

CXI.

'S tric a thugadh leat beàrna,
Air a chaistealaibh làidir bha doirbh;
'S a leig thu ghrian deàrsaidh
Tre 'sheomraichibh gràineil le toirm;
'M fear bu treise 's e làimh riut,
'G a chreachadh dheth 'àirneis 's dheth 'airm,
'S an t-anam neo-bhàsmhor,
'G a fhuasgladh 's 'g a thèarnadh o 'n fheirg.

CXII.

Ann am blàraibh a' chogaidh,
Bu deas thu fo d' chlogaid 's fo d' sgiath;
'S crios do leasraidh 's do choisbheart,
'S t' uchd-éididh o lotaibh 'g ad dhìon;
'S claidheamh lìomht' an naoimh fhocail
Ann ad làimh, gu glan nochd thu gach ial,
Chuir do naimhdean 'n an tosd dhuit,
Bh' air an gluasad o 'n t-slochd gu mi-rian.

CXIII.

Measg luchd-togail na h-aitreimh,
Leag thu bunait gu taiceil, do-ghluaist',
'S chaidh thu dhùsgadh nan clachan,
Bha 'n an dùnaibh 'n an codal fo 'n luaithr';
'S bha do chlachaireachd snasmhor,
Beo-aointe, làn-mhaiseach 'n a snuadh;
'S a' chlach-chinn is snaidhm glaic' aic',
Air an iomlan, thoirt neirt dhoibh, 's fàth-uaill.

CXIV.

Cha robh togail gun stéidheadh,
No dìdeana bréige gun stà,
Ris nach cuireadh tu séisdeadh,
'G an tilgeadh gu treun air an làir;
'S cinn-iùil dhall, na h-an-aoibhinn,
'S tric a ghlaodh thu 'n ad eud riuth gu h-àrd;
Chum daingnich na réite,
Iad a philltinn, le 'n treudaibh 's le 'n àl.

CXV.

'S cha b' eud searbh a bha 'g éirigh,
O fheòlmhoireachd fhéineil, gun chonn,
Tre 'n do ghlaodh thu le d' bheul riu;
Ach o 'n spéis do ghlòir Dhé bha 'n ad chom;
'S meud a' ghaoil ort chuir éigin,
'S luidh dlùth fad do ré ort gu trom;
Gu an an'm thoirt o léir-sgrios,
Tre bheò-ghràsaibh an Léigh' air deadh bhonn.

CXVI.

Bu tu 'n searmonaich' fosglaidh,
Air lagh is air soisgeul faraon,
Gu anama a mhosgladh,
Fo mhothachadh goirt bhiodh neo-chlaon,
Air a' phuinnsein a loit iad,
'S rinn an salachadh co olc leis gach gaoid,
'S air-san,—Iobairt an cosnaidh,
'S làn ìocshlaint am foistinn 's an sìth.

CXVII.

Sheirm thu trompaid Shinài [chruaidh,
Mar ghuth criothnachaidh thàirneanaich
A chuir luasgadh air àireamh,
Do na h-anamaibh bh' aig Sàtan 'n an suain;
Bhiodh do shaighdean geur-shàitht' annt',
'S iad 'g an lotadh 'n an àirnibh le buaidh,
Rinn dhiubh feumnaich air slàinte
Nach dean aon ach Imanuel suas.

CXVIII.

'S trompaid Shioin gu 'n shéid thu,
Chuir an anail o nèamh gu treun, beò,
Thug gu tobar na h-éifeachd
Iad, gu 'n glanadh o 'n creuchdaibh 's an leòin;
'S rinn iad sgeadaicht' 'n an éideadh,
Fo 'n cuid armachd gu gleust' air deadh dhòigh;
Fo Ard-cheannard na réite, [tòir.
'N aghaidh naimhdean 'n an déigh bh' orr' an

CXIX.

'S tu nach fàgadh aon chomas
Aig lethsgeulaibh collaidh gun rian,
Gu seasamh gu somalt,
Cur dàil dhol an coinneamh an Triath;
'S tu cur teine ri 'm bonnaibh,
'S do shaighdean 'g an tolladh 'n an cliabh,
Fearg theinnteach 'n a tonnaibh,
'S tein' ifrinn 'n an sealladh o shìos.

CXX.

Beath' an tairgse do dheis-laimh,
Do na h-anamaibh a chreideadh an Criosd;
'S do na h-anamaibh nach creideadh,
Bhiodh am bàs 's gach mi-leas 'n ad làimh chlì;
'S cha 'n fhàgadh tu teagmhaich,
Aig stairsnich 'n an seasamh, aig sìth;
Ach bhiodh t' impidh 'g an greasad
Gu an tèarmuinn 's an teasairginn sìor.

CXXI.

'S tric a ghlaodh thu gu dìleas,
O ìochdar do chrìdh' riu gu h-àrd,
Mar o Dhia as uchd Chriosda,
Iad a philltinn gu 'n sìothchaint gun dàil;
'S iad gun fhios ciod a dh' fheudadh,
Uair do 'n ùin' thoirt gu crìch dhoibh, nach fàg
Uiread 's lethsgeul aig aon diubh,
Chum an dìon o bhinn-dìtidh là-bhràth.

CXXII.

'S gur h-iomadh sgal cràiteach,
Tha 'n ifrinn, is fàsgadh nan deòir,
Aig muinntir chuir dàil,
Ann an gabhail ri slàinte co mòr,
O 'n diugh gus am màireach,
An dùil nach robh 'm bàs orr' an tòir,
Co dlùth air an sàiltibh,
Gu an sguabadh co trà gu do-bhròn.

CXXIII.

'S iomadh mac a bha stròthail,
Is millteach le 'm feòlmhoireachd thruaillt',
Fo do theagasg fhuair seòladh,
Gu pilltinn, d' a neo-ghloin' toirt fuath',
'S braon an aithreachais bheòthail,
A' sgaoileadh nan deòir air a ghruaidh;
'S bu mhòr t' aoibhneas mu 'n chòisir,
Air do 'n dannsadh 's do 'n chcòl bhi dol suas.

CXXIV.

Cha bhiodh broineag no bàrlag
Dhiubh, nach tilgteadh le tàir air an cùl,
'S cha bhiodh salchar co gràineil, [grùid,
Nach biodh air ionnlad gun dàil dhiubh, gach
'S trusgan fìor-ghlan na slàinte,
Mar a' chulaidh a b' fhèarr a chur ump';
'N cois 'n laoigh bhiata 'g an àrach,
Bheirt' am fìon sin a b' fhèarr chum a' bhùird.

CXXV.

Bha do bhriathran co cuimir,
Sgaradh 'n searbh o na mhilis gach uair;
Agus cealgairean nimheil,
O na h-anamaibh a ghineadh o shuas,
Agus fuirmealaich thioram,
O an dream a bha 'g imeachd fo bhuaidh,
Saor ghràsan an Spioraid,
'S bha 'g an àrach an innis nan uan.

CXXVI.

Bha do theagasg neo-fheallsa,
Glan, dìleas, 's ro rannsuchail, geur;
Air faireachduinn mhealltaich,
'S air mearachdaibh dall bha gun fheum;
'S air barailibh fabhtach,
Bha 'g éirigh 's gach ceann bha gun chéill,
Chum an dìteadh mar aimhleas,
Bh' air an dealbh le àrd-cheann-ard nam breug.

CXXVII.

Bheirteadh milis á searbh leat,
Agus solus á dorchadas dùr,
Agus glan as an t-salachar,
Agus mil o 'n fhear gharg, gu glan, cùbhr',
Agus spionnadh á anmhunn,
Agus mòr as a' mheanbh, bha gun lùths,
Agus còmhnard á garbhlaich,
Agus dìreach á camachdaich nan lùb.

CXXVIII.

Chìteadh geal leat 's an sgàrlaid,
'S ann am fuath chìteadh gràdh leat fo theinn;
'S ann am fuachd gheibhteadh blàth's leat,
Agus urram 's an tàire gun suim;
'S ann an truailleachd fìor àillteachd,
Agus 's tric chìteadh slàint' leat 's an tinn;
Chìteadh beath' anns a' bhàs leat,
Far nach faicteadh aon chàil leis na doill.

CXXIX.

Mar bha t' anfhannachd làitheil,
A' cur feum air ùr-ghràsaibh gach uair,
Fo 'n do chleachd thu féin-àicheadh,
Anns gach ceum anns am b' àirde do bhuaidh:
Cumail féin fo do shàiltibh,
Uiread 's dìoghlum cha b' àill leat a bhuain;
Bu le ainm an Ti 's àirde,
T' ìobairt-mholaidh bha ghnàth dha dol suas.

CXXX.

'S iomadh teachdaire gràdhach,
Thaobh ghibhtean is gràis nach robh clì,
Leis 'm bu mhiann a bhi làimh riut,
'N àm bhi 'g iomradh gu blàth air gaol Chriosd;
Aig do chosaibh gu sàmhach,
Gabhail oilein is àraich faraon,
Fo do sholus o 'n àirde,
Deanamh aoibhneis is gàirdeachais crìdh.

EARRANN VI.

CXXXI.

Cha bu duirche do bhriathran,
Na do sholus, dh' fhàg dìomhair air pàirt,
Cuid do d' phuingibh mu 'n diadhachd,
'S mu oibreachadh mìorbhuileach gràis;
Ach am breithneachadh ìosal,
Air doimhne, fad, leud, agus àird',
Gliocais, gràidh, tha neo-chrìochnach,
Nach tuig creutairean crìochnach 'n a làn.

CXXXII.

Fhuair thu comunn 's an Trianaid,
Nach robh aon uair 'n a cheud staid aig Adh'mh;
Ged bu ghlòir mhòr 'n a iomhaigh
E, mu 'n d' thuit e, le strìochdadh d' a nàmh;
'S ni bu dlùith' mar an ceudna,
Na bh' aig ainglibh 'n a fhianuis gu h-àrd;
Ann ad aonadh ri Criosda,
Fhuair thu 'n nàdur na diadhachd comh-pàirt.

CXXXIII.

'N uair a rugadh an Ceud-ghin,
'S 'n uair chualas an Ephrata 'n fhuaim,
Sheinn aingle nan nèamhan,
Gu binn air àrd sgeula nam buadh;
Ach fhuair thusa mu 'n sgeul sin,
Gus a ghnàth chur an céill leat do 'n t-sluagh,
Ni nach d' fhuair na naomh-cheruib,
Ged is mòr th' ac' do léirsinn mu 'n Uan.

CXXXIV.

'S fear do ghibhtean do réir sin,
Ciod an t-ioghnadh ged dh' éireadh e 'n àird',
'N cuid do phongaibh, thar léirsinn
Iomadh aoin do d' cho-chreutairibh griàdh;
Dh' easbhuidh tuigse, 's le 'n reuson,
Nach cumadh 'n ad cheumaibh ort fàir',
Ach 'n a dhéigh sin, fhuair feum dheth,
'N uair a thuig iad uait féin e ni b' fhèarr.

CXXXV.

Chreid thu Dia theachd 'n ad nàduir,
Agus dh' fhairich thu 'n gràdh ud 'n ad chrìdh';
Agus innleachdan Shàtain,
Dùsgadh truailleachd an àird' gus a chlaoidh;
'S mar tha Ceannard na slàinte,
'N a chùl-taic do 'n dream ghràsmhor tha sgìth,
Fo na tuinn mar mhuir bàithte,
Tigh'nn mu 'n timchioll, 's 'g am fàgail gun chlì.

CXXXVI.

'S iomadh uair dhoibh a thàrlas,
Mar bha òglach an fhàidhe fo thùirs',
Fo gheur uamhas 'g a fhàsgadh,
'N uair bha 'n sluagh is feachd nàmhaid air dlùth;
'S ged bha e 'n staid tèarnaidh,
B' i an truaighe a mhàin ri 'n robh 'dhùil;
Gus am fac e 'm feachd làidir,
Bha m' a thimchioll o 'n àirde, le 'shùil.

CXXXVII.

Is bochd, mi-shuaimhneach, is brònach,
Do chuspairibh tròcair is trùais,
Tre as-creidimh 's mi-dhòchas,
'S do réir seallaidh, bhi 'm fòir-eigin chruaidh,
Agus naimhdean an tòir orr',
'S ann an cìocras gu 'm beò-shlugadh suas,
'N uair th' aca tèaruinteachd ghlòrmhor,
Na 'm bu léir dhoibh, 'g an còmhnadh mu 'n [cuairt.

CXXXVIII.

'S e 'm beò-chreidimh ni làidir,
Na h-anamanna gràsmhor gu léir,
Ann an neart an tréin ghàirdein,
'S am mòr iomlanachd àrdaicht' Mhic Dhé;
Thogas suas iad ri 'ghràdh-san,
Is o 'n talamh gu 'làith'reachd air nèamh,
'N uair tha 'm faireachduinn cràiteach,
'S iad 'n an anmhuinneachd sàruicht' dhiubh féin.

CXXXIX.

Thaobh an tairt 's am mòr ìotadh,
Bh' air an t-sluagh, air do bhriathraibh an tòir,
Bhiodh na mìltean 's na ceudan,
As gach sgìr' teachd le cìocras 'n ad chòir;
'S cha bu sgìos le cuid lìonmhor,
Fichead mìle, ged dheanadh iad, 's còrr,
Teachd a dh' éisdeachd do sgeula,
Bha 'n a slàinte, 'n a dìon dhoibh, 's 'n a lòn.

CXL.

'S bhiodh gach tiormadair féineil,
Leis an fharmad, 'g an léireadh 's 'g an leòin;
'S an luchd-leanmhuinn 'g an tréigsinn,
Teicheadh as uath' mar threud o dhroch crò;
'M freasdal iomraidh mhi-chéillidh,
Bha gun iùl, dh' easbhuidh cheud-faithean beò,
Ceang'lt' aig mealltair nam breugan,
'N inntinn, talmhaidh, gun spéis ach do'n fheòil.

CXLI.

Bha do theagasg co tarbhach,
Do mhòr âircamh do anamannaibh caillt',
'S nach robh ceum fhad 's a dh' fhalbh thu,
Nach robh 'n sluagh air do sheanchas an geall;
Ann an Sasunn luidh ainm dhuit,
Leis an uirighioll dhearbht' a bha d' chainnt;
Ghoir iad Abstol na h-Alb' dhiot,
Thaobh na glòir' bha 'n ùr-labhradh do theang'.

CXLII.

'S fad 's is farsuing a sgaoileadh,
Còmhradh t' oibre, 's na crìochaibh mu 'n cuairt;
Chaidh e mach feadh gach tìre,
Ann am Breatunn measg mhìltean do'n t-sluagh;
Sasunn, 's Eirinn, 's tìr ìosal—
Na h-Alba, 's gach dìthreabh mu thuath;
'S ghabh na h-Iortaich le mìlseachd,
Ri do theisteas ro dhìleas mu 'n Uan.

CXLIII.

'S ni nach comas dhomh innseadh,
Dh' easbhuidh cainnt agus inntinn g' a luaidh,
Leat mar shoirbhich an fhìrinn,
Leis na beannachdaibh prìseil 's mòr luach;
Cha b' ann a mhàin anns an rìoghachd-s',
Far am b' ait leinn bhi cluinntinn a fuaim,
Ach do thoradh do shaothrach,
Chaidh a null do na h-Innsibh thar chuan.

CXLIV.

Toradh saothrach do ghaoil-sa,
Tha r' a fhaicinn 's na h-Innsibh an uair-s',
Toradh ùrnuigh o d' mhaoth chridh',
Agus t' oileanaich naomha 'n am buaidh;
Air do cheud mhac, bha caomhail,
Measg nan anama thug gaol dha gun fhuath,
Fad a chuairt anns an t-saoghal,
Ged a chrìochnaich a shaothair co luath.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

CXLV.

Ciod a their mi cha 'n eòl domh,
Mu do shoirbheachadh mòr fad do chuairt,
Ann am fìon-lios Iehobhah,
Rinn thu dìleas mar 'òglach-s' le buaidh;
Leam cha teagamh nach d' chòmhlaich,
Cuid do d' chloinn le mòr shòlas riut shuas,
'S cuid 'n ad dhéigh an gleann deòir dhiubh,
Bhios fa dheòidh dhuit 'n an glòir 's 'n an crùn-
[uaill.

CXLVI.

Ged is lìonmhor tha brònach,
Tha 'g ad chaoidh o chaidh fòd ort le h-eug;
Cha 'n e 'm bròn tha gun dòchas,
Tha 'g am fàgail co leòint' ann do dhéigh;
Oir is cinnt' leo gur beò thu,
Ann am Pàrras na glòire air nèamh,
Measg nan ainglean thug còmh-dhail
Dhuit, 'n uair dhealaich an deò ri do chré.

CXLVII.

'N uair bha 'm foghar tigh'nn dlùth ort,
Bha do bhagaidean cùbhraidh fàs làn;
Toradh trom ort 'g a ghiùlan,
Mar làn arbhar a' lùbadh gu làr;
Air do 'n ghairm teachd do d' ionnsuidh,
Gu dol imrich do 'n lùchairt a 's àird',
Dhol air falbh 's tu nach diùltadh,
Gu làn sheilbh ann an cùirt Fir do ghràidh.

CXLVIII.

Leis na h-ainglibh bu phrìseil
Bhi 'g ad fheitheamh, 'n uair lìbhrig thu 'n deò;
Air an sgiathaibh 'g ad dhìreadh,
Chum an aoibhneis gun sgìos thar na neòil;
Chum a' chomuinn nach crìochnaich,
Air an tric bha do mhiann, 's tu fo bhròn,
Anns an dealraich mar ghrian thu,
Ann am fìreantachd fhìor-ghlan gun sgleò.

CXLIX.

Anns an fhìreantachd dhealraich,
Anns an d' àrdaich t' fhear-gràidh thu gu mòr;
'S tu 'g a fhaicinn mar tha E,
Ann an iomlanachd àillidh bhi-bheò;
'S tha ris cosmhuil 'n ad nàdur,
Air do chaochladh o chàileachd na feòl';
Tha do chìocras làn-shàsuicht',
'S ioma-riaraicht' an làth'reachd a ghlòir'.

CL.

Glòir nach b' urrainn thu ghiùlan,
Tre anfhannachd shùl anns an fheòil;
Ach bu tric ort bha drùidhteach,
Mar bhlàth bhraonaibh ro-chùbhraidh o neòil;
Air do chridhe maoth, brùite,
'S do ghruaidhean a' srùladh nan deòir;
Ach cha 'n fheum thu nis gnùis-bhrat,
'G a làn-mhealtuinn gu dlùth 'n a làn-chòir.

CLI.

Chaidh gach doilghios air chùl dhuit,
Chaidh gach àmhghar is tùirse mu làr;
Theich gach duibhre 's gach dùldachd, [cràdh;
Theich gach buaireadh, 's gach ciùrradh, 's gach
Theich gach iomaguinn, 's gach cùram,
Theich gach dìomhanas siùbhlach, 's gach sgàil;
Theich gach caoidh leis gach ionndrain,—
'S tha gach sgìos dhuit air tionndadh gu tàmh.

CLII.

Sgaoil do phàilliunn o chéile,
'S am bu tric bha thu deurach fo bhròn;
Sgìth le osnaibh, fo chiùrradh,
'S iomadh deuchainn bha dùr 'g a do leòn;
Ach tha thu nis 'n ad làn éideadh,
Aig làn shaors' 's an tigh nèamhaidh, ag òl
A's an lànachd nach tréig thu;
'S linn nan linn, cha tig éis air do stòir.

CLIII.

Thionndaidh bròn dhuit gu h-aoibhneas,
Thionndaidh duibhre na h-oidhche gu lò;
Cha tig sgàil air do shoillse,
Tha do dhealradh 'n a bhoillsgeadh gun cheò;
Thionndaidh t' ùrnuigh gu seinn dhuit,
Air a' chlàrsaich ro bhinn, tha do 'n òir;
Seinn nan dàna 's nan laoidhean,
Air a' ghràdh rinn co-lìonta thu le glòir.

CLIV.

Fhuair thu crùn na làn duaise,
Mar an gleachdair a bhuadhaich 's an réis;
A' chlach gheal, 's an t-ainm nuadh oirr',
Nach tuig aon, ach na fhuair i iad féin;
'S an deis fhìor-ghlan, neo-thruaillidh, [sgèimh,
Chaoidh nach caochail 'n a snuadh, 's 'n a glan-
'S craobh na beatha, bhith-bhuan dhuit,
Le naomh thoraibh ro luachmhor a geug.

CLV.

'N uair a shéidear gu fuaimneach,
An trompaid le 'n luaisgear na sléibht',
'S a dhùisgeas o 'n uaighibh,
Na mairbh bha 'n an suain annt' gu léir;
Chi na slòigh do ghlòir uasal,
Air deas-laimh an Uain, 's mar-ris féin,
A' toirt breth air na h-uaibhrich,
'N aghaidh t' iomraidh chuir suarach an Léigh.

CLVI.

Sin an là 'm bi do shòlas,
Air a lìonadh do ghlòir 'n a làn sgèimh;
Anns an iomlanachd òirdheirc,
Anns an sgeadaich Iehobhah a threud;
'N uair theid diabhuil air fògradh,
'S na shaltair fo 'm bròganbh Mac Dhé,
Fo bhinn-dìtidh gu dòlas,
Gu loch teine na dòruinn 's na péin'.

CLVII.

Chi na h-aingidh thu 'n uair sin,
'S bidh do ghlòir 'n a mhòr uamhas dhoibh féin;
A' cur ri 'm piantaibh, 's ri 'n truaighibh,
Nach do chreid iad na chual iad o d' bheul;
Ach bidh aoibhneas le luathghair,
Aig a' mhuinntir thug cluas do do sgeul;
Toirt na glòir' do 'n Ard-uachd'ran,
Thug thu riamh dhoibh mar bhuachaille treud'.

CLVIII.

'S dhuit cha 'n aithreach gach deuchainn,
Rinn thu ghiùlan 'n a aobhar 's an fheòil;
Shiab o d' shùilibh na deura,
'S t' aghaidh ungt' le h-ol-aoibhneis gun sgleò;
'S cha tig neul air do léirsinn,
O làn mhealtuinn do Dhé 'n a làn-chòir;
Oir tha ghrian ort air éirigh,
'S tu mar shoillseadh nan speur 'n an làn ghlòir.

CLIX.

Deatach smùididh am pian-san,
Bhios a' dìreadh, 's a sìor dhol an àird',
Cha toir osnadh o d' chliabh-sa,
Ann an truas riuth', oir chrìochnaich dhuit cràdh;
Oir bidh t' anam co lìonta,
Leis a' ghlòir air 'n d' rinn iadsan mòr thàir,
'S t' Aleluia gu sìorruidh,
Bidh dol suas 'n uair tha 'm pian-s' 'n a làn àird'.

CLX.

Bidh an caochladh co iomlan,
Air na naoimh, nach gabh iomradh an dràsd;
'S nach tig gluasad le duilchinn,
Air an sonas, le h-urchuidibh chàich;
O! faiceadh peacaich an iomrall,
Gabhail impidh le h-iomaguinn 'n a thrà;
Ann an dòchas 's am muinghinn,
Tréigsinn uilc ann an iomlaid saoir ghràis.

CLXI.

Ach, tha sinn' air ar fàgail,
As do dhéigh, ann am fàsach nan deòir;
Fosgailt', buailteach do àmhghair,
'S do gheur-leanmhuinn tha ghnàth oirnn an tòir;
Ach an tròcair nach fàilnich,
Tha ni 's leòir ann a ghràs gu 'r toirt beò;
Chum ar n-anama 'n a chàs-san,
Chumail suas ann an tàbhachd 's an treòir.

CLXII.

A Thi iochdmhor, 'n ad fhàbhar,
Dean 's a' chreidimh sinn làidir is beò;
'S nochd gu treun dhuinn do ghàirdean,
Toirt do naimhdean fo 'd shàil mar chos-stòl;
'S lùb do nèamhan o 'n àirde,
Leig do dhealanach deàlrach feadh shlògh,
'S cuir do shaighdean geur-shàithte,
Ann an cridhe t' eas-càirdean, 'g an leòn.

CLXIII.

Gus an strìochd iad gu làr dhuit,
Tre ghràs aithreachais shlàinteil, d' an deòin;
Le féin-ghràin is féin-thàire,
'S ann an ùmhlachd a' ghràidh mar bu chòir;
Gabhail tlachd ann do stàtuibh,
'S air son peacaidh fo nàire 's fo bhròn;
Dol fo d' chuing gu féin-àicheil,
Le toil-inntinn is gàirdeachas mòr.

CLXIV.

'S leudaich ionad ar pàilliuinn,
'S brat ar bùtha chur sgàil oirnn is dìon;
Sgaoil ar cùird feadh an fhàsaich,
Ann am farsuingeachd tàirngte 'n ad rian;
'S dean ar cuailleachan làidir,
Is do-ghluaiste 'n ad stàtuibh gach ial,
'S thigeadh sliochd air gach làimh oirnn,
Réir do gheallaidh, le gràdh dhuit bhios lìont'.

CLXV.

'S meudaich maoin do dheadh chàirdean,
'S leat an t-airgiod, an tàin, is an t-òir,
'S dean iad fialaidh, pailt-làmhach,
Chumail bìdh ann ad fhàrdoich mar stòr;
Chum do theachdairean gràdhach,
Chumail suas chum do chàs bhi dol leò;
Sgaoileadh sgeula na slàinte,
Le deadh shoirbheas nan gràs chum do ghlòir'.